



H.M. 214 (1.3)



20









# LAOIDHEAN

AIR SON

## TIOMAN BEANNÁCHD.

(HYMNS FOR TIMES OF BLESSING.)

TRANSLATED BY

REV. A. MACRAE,

*From Mr. Sankey's "Sacred Songs and Solos," &c.  
By Special Permission, and adapted to be Sung  
to his Music.*

---

EDINBURGH: MACLACHLAN & STEWART,

Publishers of Bibles, Testaments, Psalm Books, and Catechisms in  
Gaelic and English.

SOLD BY THE RELIGIOUS TRACT AND BOOK SOCIETY.

GLASGOW: FRANCIS ORR AND SONS.

OBAN: JAMES MILLER.

STORNOWAY: MACPHERSON AND CO.

ABERDEEN, *June 17, 1874.*

ALEX. MACRAE,

DEAR BROTHER,—Yours received. I hereby give you permission to *translate* and publish any of my Hymns; and may God bless the singing of them by the dear Highlanders.

Yours, Singing for Jesus,

IRA D. SANKEY.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

*86.*



# LAOIDHEAN.

---

THA MI TIGHINN. ("I am Coming.")

1. Nis cluinneam, Dhé, do ghuth,  
A ghairmeas thugad mi,  
Chum m' ionnlad ann ad fhuil, thar pris,  
A shruth air Calbhari.

Tha mi tighinn, Dhé,  
Thugad féin, mo Rìgh,  
Nìgh mi, glau mi anns an fhuil  
A shruth air Calbhari.

2. Ged thig mi lag 's neo-ghlan,  
Nèart bheir tu dhomh gun dìth,  
Is glanaidh tu gach truail'eachd uam,  
A chum gun smal gu'm bì'm.

Tha, &c.

3. 'S e Ios' a tha ga m' ghairm  
Gu creidimh iomlan 's gràdh,  
Gu foirfeachd dòchais, sìthe, 's earbs,  
'S a bheatha so 's gu bràth.

Tha, &c.

4. Is Iosa, daingn'chidh E  
Obair an àigh 'sa chridh,  
Le gràs a thoirt do n' dh-fhàiltich gràs,  
Ged rìghich peacadh roimh.

Tha, &c.

5. Is bheir E fianuis fòs  
Do'n chridhe dhùleas, shaor,  
Gu'm bi gach gealladh coimhlionta  
'S an tagair creidimh còir.

Tha, &c.

6. Fàilt ortsa, Fhuil na réit,  
Is air Gràs-saoraidh fàilt,  
Is fàilt air Tiodhlac Chrìosd, ar Tighearn,  
Ar Fireantachd 's ar Slàint.

Tha, &c.

AN GEAT FOSGAILT. (“The Gate Ajar.”)

1. THA geat air fhàgail fosgailt ann,  
Tre'm faicear deàrsadh glòirmhor  
Fad as a dealradh oirnn o'n chrann,  
'S a nochdadh gaol an t-Slàn'ghir.

Oh, doimhneachd tràcair! 'm bheil e fìor  
Gun d'fhàgadh fosgailt' e dhomh fhìn?  
Dhomh fhìn, dhomh fhìn—  
Seadh, fosgailte dhomh fhìn?

2. Tre 'n gheat ud gheibh gach aon a thig  
Ag iarraidh trid chum slàinte;  
Am bochd 's am beartach, mòir is big,  
'S gach cinneach, treubh, is cainnte. Oh! &c.

3. Gabh steach, 's na bacadh naimhdean thu,  
Mas dùinear dorus tràcair.  
Tog ort do chrann is glac an crùn  
Tha gràdh nach caochail tabhairt. Oh! &c.

4. Cha ghiùlan sinn taobh thall na h-aimhn'  
An crann tha so g'ar ceusadh;  
Ach togar crùn na beatha leinn,  
'S ar gràdh do Dhia sior mheud'chidh. Oh! &c.

## TUILLE FEITHEAMH. (“More to Follow.”)

1. 'N do chreid thu ann an Dia na glòir?  
 Tha fathast tuille feitheamh ;  
 As a ghràs an d' fhuair thu stòr?  
 Tha fathast tuille feitheamh ;  
 O meud gràis an Athar dhuinn!  
 Tha fathast tuille feitheamh,  
 A ghràs gu saoi bhir phairtich leinn,  
 'S tha fathast tuille feitheamh.

*Comh-fhonn—*

Tuille 's tuille, tuille 's tuille,  
 An còmhnuidh tuille feitheamh,  
 Tha 'ghràdh gun choimeas is gun chrìoch!  
 Is fathast tuille feitheamh.

2. An d' fhuair thu aithn' air Slàn'ghear dlùth? '  
 Tha, &c.  
 'N do mheal thu n' aoibhneas thig o 'ghnùis?  
 Tha, &c.  
 O meud 'ghràidh th'aig Iosa dhuinn!  
 'S tha, &c.  
 A ghràdh gu saoi bhir phairtich leinn  
 'S tha, &c.

Tuille 's tuille, &c.

3. 'N do mhothaich thu an Spiorad treun?  
 Tha, &c.  
 'Tuiteam mar an driùchd gu séimh?  
 Tha, &c.  
 O meud neirt an Spioraid Naoimh!  
 'S tha, &c.  
 A neart gu saoi bhir phairtich leinn  
 'S tha, &c.

Tuille 's tuille, &c.

## GLEIDHIBH 'N DAINGNEACH. (“Hold the Fort.”)

1. Ho! mo chàirdean, faicibh 'n sanus  
 'Luasgadh anns an speur!

Sud ath-neartachadh am fradharc,  
'S faisg nis buaidh, 's tha feum!

“Gleidhibh 'n daingneach, tha mis tighinn!”

'Se their Iosa ruinn.

Suas a' bhratach 's biodh ar freagairt—

“Tre d'ghràs gleidhidh sinn.”

2. Faicibh feachd ro-làidir 'dlùthadh,  
Satan air an ceann;  
Daoine treun gach taobh dhinn tuiteam,  
'S fàgail misnich fann.  
“Gleidhibh,” &c.
3. Faicibh 'bhratach àluinn 'lasadh,  
Cluinnibh 'n trompaid 'seirinn,  
Bheir sinn buaidh an ainm ar Ceannaird  
Thar gach nàmh 'thog airm.  
“Gleidhibh,” &c.
4. Ged is teinnteach, buan an comhrag  
Fuasglar oirnn gun dàil;  
So Ceann-iùil nam buadh 'tigh'nn thugainn.  
Suas bhur n-iolach àrd!  
“Gleidhibh,” &c.

---

### THA MIS' AN SO: CUIR MIS.

(“Here am I: send me.”)

1. EISD! 'Se sud guth Iosa 'glaodhach:—  
“Cò theid mach an diugh a bhuain?  
Faic! tha raointean geal chum fogh'raidh,  
Cò bheir steach na sguaban trom’?”  
Gu h-àrd, treun tha 'n Tighearn ag éigheach,  
'S mòr an duais a thairgear leis,  
Cò bheir freagradh dha gu deònach  
“Tha mis an so; cuir mis, cuir mis!”?

2. Thar a chuan mur feud thu seòladh  
 Furtachd 'thoirt an dùth' chaibh céin,  
 Gheibh thu truaghana nis fhaisge;  
 Furtaich or' 'nad starsnaich féin.  
 Mur 'eil miltean gu thoirt agad,  
 Ach a mhàin an dà bhonn bheag,  
 Thoir sin fhéin o ghaol do Iosa,  
 'S bithidh e ro-luachmhor aig.
3. Ged nach d'fhuair thu teang nan aingeal,  
 Ged nach searm'naich thu mar Phol,  
 Faodaidh tu gràdh Ios' a mholadh—  
 “Uan Dé 'ghiùlain peacaidh 'n t-saogh'l.”  
 Ged nach dùisg thu suas na h-aingidh  
 Le eagal 's uamhann latha bhràth,  
 'S urrainn thu clann bheag a stiùireadh  
 Dh-ionnsuidh Chrìosd 's a ghairdean tlàth.
4. Fada uait biodh cainnt an leisgein—  
 “Cha 'n 'eil obair 'fhreag'ras orms,”  
 'M feadh 's tha anama dhaoine 'bàsach',  
 'S Tighearn an fhogharaidh gad' ghairms.  
 Gabh thus' uaith an obair bheir E,  
 'S bitheadh i na tlachd do d' chridh;  
 Eisd ri 'ghuth, 's gu h-ealamh abair,  
 “Tha mi 'n so; theid mi, theid mi!”
5. Mur buin dhuit-sa bhì'd fhear-faire  
 Air ball' Shìoin, 'seasamh àrd,  
 Comh'rachadh na sligh gu flaitheas,  
 Tairgseadh beatha 's sith do chàch;  
 Faodaidh tu le ùrnuigh 's fialachd  
 Obair dheanamh 'ghabhar uait,  
 Faodaidh tu, mar Aaron dìleas,  
 Làmhnan fàidh 'chumail suas.
6. Ged nach leatsa measg nan seanair  
 Ait fear-teagaisg ris an géill;  
 “Beathaich m'uaire,” deir Chrìosd, ar Buachail,  
 Thoirs' am biadh gu ruig am béil.  
 'S theagamh gu'm bi 'chlann ud fathast  
 Threòraich thu 's do làmh air chrith,  
 Air am faotainn measg do sheudan  
 Anns an tìr sin 's fearr air bith.

## AN SEACHRANAICHE. ("Prodigal Child.")

1. PILL dhachaidh! Pill dhachaidh!  
 Nach 'eil sgìos air do chridh,  
 Oir 's ann dorch bha do shligh,  
 Is ro-aon'ranach garbh?  
 Thus' air seach'ran a dh-fhalbh!  
 Nach pill thu dhachaidh?

*Comh-fhonn—*

Dhachaidh! pill, oh, pill, pill!

2. Pill dhachaidh! Pill dhachaidh!  
 Ni sinn faire gu 'm pill,  
 'S aig a gheat seasaidh sinn,  
 Gun a dhùnadh a nochd.  
 O sheachranaich bhochd!  
 Nach pill thu dhachaidh?  
 Dhachaidh! &c.

3. Pill dhachaidh! Pill dhachaidh!  
 O chùis coire is cràidh,  
 O ghaol peacaidh 's o nàir,  
 O'n ti mheall thu 's a bhuair.  
 O sheachranaich thruaigh!  
 Nach pill thu dhachaidh?  
 Dhachaidh! &c.

4. Pill dhachaidh! Pill dhachaidh!  
 Gheibh thu aran gu d' shàth,  
 Agus caidreamh ro-bhlàth,  
 'S cha dean maoidheamh ort aon.  
 O leinibh a chlaon!  
 Nach pill thu dhachaidh?  
 Dhachaidh! &c.

## FOLAICH DO MHULAD. ("Bury thy Sorrow.")

1. RACH 's folaich do mhulad,  
 Tha chuid féin aig gach neach;  
 Cuir folach air buileach,  
 Le cùram 's le beachd.

Gu ciuine dean 'chnuasach  
 'S an uaigneas leat féin,  
 Sgaoil mach e roimh Iosa  
 'S bidh h-uile ni réidh.

2. Sgaoil mach e roimh Iosa,  
 'Tha eòlach air bròn ;  
 Sgaoil mach e roimh Iosa,  
 'Ni leighis do leòn.  
 Cum cuimhn air an aoibhneas  
 Dhèirt Ios' air do shligh ;  
 'Se Esan bheir suaimehneas—  
 Dha fosgail do chridh.
3. Tha daoine' eil' ag osnaich'  
 Gun solus 'nan oidhech',  
 'S an cridh ach beag sgàineadh,—  
 Thoir-s comhfhurtachd dhoibh.  
 Cuir comhdach air t-àmhghar,  
 'S bi 'd bheannachd do chàch.  
 Bi aoibhneach 'nan làthair,  
 'S do bhròn air Ios' fag.

CHA BHI FAD. (“Sweet By and By.”)

1. THA tìr ann tha n'as dealrach no là,  
 Tìr a chì sinn tre chreidimh o chéin,  
 Oir tha 'n Rìgh 'n sin 'na mhaise a ghnàth  
 'Chaidh a dh-ullach' dhuinn àite leis féin.  
 Oh 'n sgeul ait, cha bhi fad  
 Gus an coinnich sinn thall air an tràil
2. 'N uair a gheibh sinn ar cas air an tràigh,  
 Canar leinn òrain fhonnmhor nan saoi,  
 'S bidh ar spiorad tur saor o gach cràidh,  
 'S cha tig sgìos 'thogail osnaich a chaoidh.  
 Oh 'n sgeul ait, &c.

3. Do ar n-Athair tha fialaidh 's làn bàigh  
 Bheir sinn cliu agus moladh gun chlos,  
 Airson Tiodhlac do-labhairt a' ghràidh  
 Is gach beannachd a shealbhaich sinn bhos.  
 Oh 'n sgeul ait, &c.
- 

AM BÀT-BEATHA. ("The Life-boat.")

1. SOLUS 'san dorch, a sheòl'dair, 's faisg briseadh fàir!  
 Faic thar na tonnaibh beucach Caladh-an-àigh.  
 'S doirbh fhuair thu 'n turus, sheòl'dair, ach 's dlùth  
 dhuit fois,  
 'S sàbhailt thu am bàt-na-beatha. Iomair a nis!  
*Comh-sheirm.*  
 Iomair gu tràigh, sheòl'dair, iomair gu tràigh!  
 Suarach leat biodh luasgadh-tonn, bi tarruing an  
 ràimh.  
 Sàbhailt am bàt-na-beatha, na bi strìth ri féin,  
 Fàg au t-seann long-bhrìste sin, is iomair gu dian.
2. Earb nis ri bàt-na-beatha, earbs' eil' tha faoin.  
 Ged is treise stuaidhean 'bualadh, ged is gailbhich sian,  
 Na gabh suim do ghaothaibh stoirmeil le'm beucadh  
 àrd,  
 Cum do shùil air Reult-na-Maidne, 's iomair gu tràigh.  
 Iomair gu tràigh, &c.
3. 'S òirdhearc a' mhaduinn, sheòl'dair, suas tog do shùil;  
 Neoil is dorchadas a' teicheadh, glòir 'tarruing dlùth!  
 Sàbhailt am bàt-na-beatha, sheòl'dair, seinn gun tàmh  
 "Glòir is glòir is halleluia?" Iomair gu tràigh!  
 Iomair gu tràigh, &c.
- 

GAIRDEANA IOSA. ("Safe in the Arms of Jesus.")

1. TÈARUINT an treun-ghlac Iosa,  
 Tèaruint 'na uchd ro-chaoin,  
 Le bratach a' ghràidh sgaoilt tharum  
 M' anam gheibh fois gu caomh.



Eisd ! cluinneam guth nan aingeal.  
 ('S aoibhneach le m' chridh an cèol !)  
 Thar a chuan iaspeir thig e—  
 Oran o thìr na glòir :—

Tèaruint an treun-ghlac Iosa  
 Tèaruint 'na uchd ro-chaoin,  
 Le bratach a' ghràidh sgaoilt tharum  
 M' anam gheibh fois gu caomh.

2. Tèaruint an treun-ghlac Iosa,  
 Saor o chnàmh cùram 'chaoidh,  
 Saor o gach buaireadh saogh'lta,  
 Peacadh cha bhì 'n sin gu m' chlaoidh.  
 'M fasnadh o bhròn nam fuar-dhealt,  
 Saor o gach eagal 's ceist,  
 Measam m' uil' dheuchainn eutrom  
 'S m' uile dheòir nis ach beag.

Tèaruint, &c.

3. Iosa, 'se m' thlachd do Dhìdean !  
 Ios' air mo sgàth fhuair bàs,  
 Carraig nan Al, — gu daingean  
 Earbaidh mi ris gu bràth.  
 Ios' m' àite-tàimh ! 's gu foigh'dneach  
 Feitheam gu'n teich na sgàil,  
 Feitheam gu'm faic mi 'mhaduinn  
 Briseadh an glòir o'n àird.

Tèaruint, &c.

---

SEUDAN. (“Jewels.”)

1. 'N UAIR a thig E, 'n uair a thig E,  
 'S gun dean E suas 'sheudan,  
 Uil' a sheudan, 's luachmhor 'sheudan,  
 'Chuid féin is a rùn.

*C. f.* Mar na reultan 'sa mhaduinn  
 'Na chrùn bòidheach 'lasadh,  
 'S iad bhios maiseach,—gach neamhnaid  
 Gheibh àite na chrùn.

2. 'S E tha 'tional, 's E tha 'tional  
Gach neamhnaid d'a rioghachd.  
'S glan iad uile, 's soilleir uile,  
'Chuid féin is a rùn.

Mar, &c.

3. A chlann bheag ud, a chlann bheag ud  
'Bheir gràdh d'am Fear-saoraidh,  
'S iad na seudan, 's luachmhor 'sheudan,  
'Chuid féin is a rùn.

Mar, &c.

### THIG CHUM AN T-SLÀN'GHEIR.

(“Come to the Saviour.”)

1. THIG chum an t-Slàn'gheir, moile na dean;  
Gheibh sinn 'na fhocal seòladh d'ar ceum;  
Seasamb 'nar measg tha Crìosd an diugh féin,  
'Labhairt gu caoimhneal, “Thig!”
- C. f.* 'S aoibhneach, aoibhneach bhios a choinneamh  
mhòr,  
'N uair thig sinn (o'r peacadh glan is saor)  
Cruinn ann ad fhianuis, Shlàn'gheir ar gaoil,  
'S an dachaidh shiorruidh sin.
2. “Fuilgibh do na leanabaibh!”—guth Chrìosd 's e  
th'ann.  
Leumadh gach cridh le aiteas a danns,  
'S biodh Ès ar roghainn tuilleadh o'n àm-s;  
Moile na dean, ach thig.  
'S aoibhneach, &c.
3. Smuainich a rìs, an diugh tha E leinn.  
Urram is géill d'a àithn' thugadh sinn,  
'S caoimhneal a bhriathran, éisdibh is cluinn:—  
“'N tig sibhs', mo chlann, an tig?”  
'S aoibhneach, &c.

## NI 'N TIGHEARN' AIR AR SON.

(“The Lord will provide.”)

1. AIR dòigh no dòigh eile ni 'n Tighearn air ar son.  
 Math dh'fheudt nach e m' dhòigh-s e;  
 Math dh'fheudt nach e t' dhòigh-s e,  
 'S gidheadh ann a dhòigh féin  
 Ni 'n Tighearn air ar son.  
*C. f.* Mar sin anns bidh ar n-earbs',  
 'S ni Es air ar son;  
 Seadh, 'san Tighearn bidh ar n-earbs',  
 'S ni Es air ar son.
2. Aig àm no àm eile, ni 'n Tighearn air ar son.  
 Math dh'fheudt nach e m' àm-s e,  
 Math dh'fheudt nach e t' àm-s e;  
 'S gidheadh ann a àm féin  
 Ni 'n Tighearn air ar son.  
 Mar sin, &c.
3. Na tuiteadh do mhisneach ; ni 'n Tighearn air ar son.  
 'S biodh so dhuinn mar chomhar,  
 Cha d' labhair E focal  
 Roimh so nach do thachair.  
 Ni 'n Tighearn air ar son.  
 Mar sin, &c.
4. Gabh romhad le dànachd, oir sgoltaidh an cuan.  
 Air slighe ro-ghlòirmhor,  
 Le iolach gu ceòlmhor,  
 Gun tog sinn fonn òrain :—  
 “Ni 'n Tighearn air ar son.”  
 Mar sin, &c.

## DUILLEACH A MHÀIN. (“Nothing but Leaves.”)

1. DUILLEACH a mhàin ! Tha 'n Spiorad cràidht'  
 'N uair chaithear beath gun fheum ;  
 'N uair chead'cheas coguis peacadh dàn,  
 'S nach cumar bòid no gealladh slàn,  
 'S gur crìoch do strìth nam bliadhn'  
 Duilleach a mhàin ! duilleach a mhàin !

2. Duilleach a mhàin ! 'n àit diasan làn—  
 An toradh 'gheall ar n-òig ;  
 Chuir sinn siol maith, 'se cogal 'dh-fhàs,  
 Cainnt, cainnt gun bhrìgh, 's cha ghnìomh'ra gràis,  
 'Se bhuainear dheth fa-dheòidh—  
 Duilleach a mhàin ! duilleach a mhàin !
3. Duilleach a mhàin ! Cha 'n fhighear sgàil  
 Gu folach na chaidh seach :  
 'N uair chùnnatar leinn gach ceum a rinn,  
 Liùth'd là a chaill 's mhi-bhuilich sinn,  
 O 's cianal 'dheanamh mach !—  
 Duilleach a mhàin ! duilleach a mhàin !
4. Ah ! cò theid mach 'thoirt fàilt d'a Thriath,  
 'S gun aig ach duilleach sheargt ?  
 Cò thilgeas sìos roimh 'n t-Slàn'ghear chaomh,  
 'S E 'suidh air caithir-bhreith an t-sao'il,  
 An àit meas abuich dearg—  
 Duilleach a mhàin ? duilleach a mhàin !

## CONTENTS.

---

|   | PAGE |
|---|------|
| Am Bàt-beatha, ("The Life-boat,")                     | 10   |
| An Geat Fosgailt, ("The Gate Ajar,")                  | 4    |
| An Seachranaiche, ("Prodigal Child,")                 | 8    |
| Cha Bhi Fad, ("Sweet By and By,")                     | 9    |
| Duilleach a Mhàin, ("Nothing but Leaves,")            | 13   |
| Folaich do Mhulad, ("Bury thy Sorrow,")               | 8    |
| Gairdeana Iosa, ("Safe in the Arms of Jesus,")        | 10   |
| Gleidhibh 'n Daingneach, ("Hold the Fort,")           | 5    |
| Ni 'n Tighearn air ar Son, ("The Lord will provide,") | 13   |
| Seudan, ("Jewels,")                                   | 11   |
| Tha mi Tighinn, ("I am Coming,")                      | 3    |
| Tha mis' an So: cuir mis', ("Here am I: send me,")    | 6    |
| Thig chum an t-Slà'n'gheir, ("Come to the Saviour,")  | 12   |
| Tuille Feitheamh, ("More to follow,")                 | 5    |



GAELIC TEXTS FOR SCHOOLS.

PART I.

## GAELIC EDUCATIONAL WORKS.

|   |        |
|---|--------|
| Armstrong's Gaelic-English and English-Gaelic Dictionary, 4to. . . . .  | £2 2 0 |
| M'Alpine's Gaelic-English and English-Gaelic Pronouncing Dictionary, 8vo.— <i>Separately 5s. each</i> . . . . .             | 0 9 0  |
| Macleod and Dewar's Gaelic-English and English-Gaelic Dictionary, 1 vol., 8vo. . . . .                                      | 0 10 6 |
| Mackay's Gaelic Etymology of the English Language, large 8vo. . . . .   | 0 12 6 |
| Macpherson's Practical Lessons in Gaelic for the use of English-speaking Students . . . . .                                 | 0 1 0  |
| M'Innes' (Rev. D.) Conversations in Gaelic and English, with Preface by Professor Blackie . . . . .                         | 0 1 0  |
| Mackellar's (Mrs M.) Hand-book of Gaelic and English Phrases, with Pronunciation . . . . .                                  | 0 0 6  |
| Mackinnon's (Professor) Reading Book for the use of Students of the Gaelic Class . . . . .                                  | 0 3 6  |
| Munro's Gaelic Primer and Vocabulary . . . . .  | 0 1 0  |
| Stewart's Elements of Gaelic Grammar, 4th Edition . . . . .   | 0 3 6  |
| Nicolson's (Sheriff) Collection of Gaelic Proverbs with English Translation, 2nd Edition . . . . .                          | 0 6 0  |
| Ossian's Gaelic Poems, 24mo, cloth . . . . .  | 0 3 0  |
| M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with an English Translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo . . . . . | 0 2 0  |











X

5

